

O ! bu churamach rinn thu an t'alach
 A ghiulain tearant tro'n fhasaich mhor,
 'S le bainne fiorghlan an fhochail dh'airech
 'S dh'ullaich thu iad chum rioghachd na gloir ;
 Do bhiadh na aingeal thug thu a sath dhoibh
 Nuair bha iad fenmaich—se Mana 'bh'ann,
 'S dh'fhag thu sutlmhor, snuaghmhор, treun 'ad,
 S rinn thu gaisgeich do'n dream bu chlann.
 Cha b'ann le lochran tioram, falamh,
 A dh'imich thusa tro'l fhase'ach mhor ;
 Ach le ola bha e ruith thairis,—
 'S riamh cha'd' dh'iobair dhuit a stor,—
 Agus bha e gu glan a dealradh
 Toirt solus aghmhор do mhoran sluaigh —
 Solus b'aillle na ghrian a dearsadh —
 Solus neamhaidh nach gabh a luaidh —
 Solus rinn gleann dorcha Bhaca
 Shoillssecheadh suas do iomadh aoin,
 A bhidh as eugnhas gun treoir, gun seol ac,
 Ach sgaolite, seachranach air a raon.

Nuair a thainig a latha gloirinhor,
 Latha mor air a'm b'e run
 A mhaighsteir mhor da'n d'rinn thu seirbhes
 Gu robh dhlighealch, gu faigh' tu 'n crun ;
 Chaidh do ghairm as an t'saoghal thruagh so,
 Mach a anghmhoir mhor 's chruaidh ;
 Mach a eu slaint' go ruig slainte ;
 Mach o dheuraibh 's osnaich sluaigh ;
 Ruith a nuas air neoil a gheimhraidh,
 Tearnaidh nuas air a ghaoith tuath,
 Carbad, dearsadh mar or robh fhiorghlan,
 Tairnt' le eachaibh aillain luath ;
 Mar a'n deallanach bha a'n astar,
 Ach bha 'n coslas lan do ghaol :
 Cha robh leithid do shealladh gloirmhor
 Tric ri t'haicinn ann sa'n t'saoghal.
 'Sa nuair a thainig iad go talamh
 Stad a'n carbad re uine bhig :
 Dh'fhosgladh an dorus : mach chaidh Gabriel,
 'S thubhairt e ri Domhnuil "Thig."